



COMHAIRLE CHAIRDEIL

DO GACH NEACH

AIG AM BHEIL FEUM OIFRE.

THA anam neobhàsmhor agad; anam a bhios ann an ùine ghoirid maille re Dia air neamh, no maille re deamhnaibh ann an ifrinn. Am bi thu idir ag smuaineachadh air so? An do smuainich thu gu bheil achdadh riaghailteach? Cia aca 's ann air neamh no ann an ifrinn, ar leat, is dathadh gu-m bi thu, co luath 's a bhàsaicheas tu? Co dhia nit do 'm bheil d' anam nis a' greasad? Is ceist chudthromach so r'a freagairt; oir ciod an tairbhe ta agad ge do choisinn thu an saoghal gu h-ìomlan, ma chailleas tu d' anam? O smuainich gun eòil air sìorruidheachd, mu'm bi e ro anmoch. Ma bhios tu cailte, cia mar thig e riut combnuidh a gabhail ann an laoraicheibh sìorruidh? —Ach tha thu ann an dòchas a bhi tearuinte. Seall, ma seadh, am bheil do bhun dòchais daingean agus cinnteach. 'Their tìngu bheil Dia tròcaireach, agus gu bheil thu 'n dùil nach sgriob e thusa. Ach cumhnich, guidheam ort, air ceartas De, t' mhair' as air a thròcair. Thug Dia seachad àitheanta noomha ag a' mairhe; agus cha n'eil aon diubh nach do bhris thus' agus mise. Nach 'eil e dh'fhiachaibh ort Dia ghradhachadh le d' uile chridhe? Gidheadh, nach e an saoghal is mò a ta thu gradhachadh? Is naimhdeas do Dhia an saoghal; agus a ta'n t-abstol Eoin ag ràdh, "Ma ghradhachias duin' air bith an saoghal, cha n'eil gradh an Athar amsan." 1 Eoin. ii. 15. Nach 'eil thus' a' caitheamh do bheatha, mar a tha a' chuid a' 's mo do shluagh an t-saoghail a' deanamh? Ma ta, 's ann a tha thu 'san t-slighe leathain a ta t'gradhachadh chum dòrainn. Matt. vii. 13, 14. Nach do mhaoinhaich thu riamh ainm urramach, agus là Sabaid, an Tighearna? Nach d' thug thu caidreadh riamh ann ad uchd do fhearg, farmad, sannt, agus iomad ainmhiann agus droch thogradh? Nach robh riamh cealg no breug ann do bheil? —Feudaidd e bith gu bheil thu deanamh urnuigh re Dia air mhadainn agus trafeasgair. Ach an d' iarr thu tròcair o Dhia le togradh co làidir as a dh' iarras an deoradh a tha bàsachadh le gorta greim bidh no an cionntach dìte maithbeanas? B' i sin an urnuigh cheart. Feudaidd e bith gu bheil thu tabhairt molaidh do Dhia, da pàir 's an là, air son a thiodhlaca. Ach am bheil thu idir ag toirt buidheachais dà, a cheann gu do chuir e a mhac fein do 'n t-saoghal, a bhàsachadh air son pheacaich; mar a bheireadh

tu buidheachas do 'n fhear a theasairgeadh as an uisg thu 's an tonn dol thar do cheann? B' e sin am moladh bu chòir dhuit a thoirt da. Is deimhin leam gu bheil do chogais fein 'g ad dhìteadh. Tha focal De cuideachd ag innseadh dhuinn nach sealbhaich an leithide so do dhaoibh rioghachd neimh. Faic 1 Corint. vi. 9, 10, &c.—Ach tha thusa, theagamh, ag saoilsin nach 'eil neach toillteanach air peanas sìorruidh, ach iadsan amhàin a bhios *am bidheantas* a' gnàthachadh nam peacaidh so. Ma 's i so do bharail, tha thu fadamearachd. Tha Lagh naomh an 'Tighearn a' dìteadh duine air son aon lochd. Galat. iii. 10. Smuainich, ma seadh, cia lionar na mallachd-an a ta ullamh gu tuiteam air an anam thruagh sin agadsa. Ma 's leor aon lochd gu do mhalluchadh gu sìorruidh *, cia trom, cia uamhasach am binn a ta agad r'a carbsadh?

Agus nise, leag dhomh fharaid dhìot, an aithne dhuit cia mar a dh' fheudas tu dol as o'n dòruinn so? Abair gu bheil thu brònach air son do chionta. An dean am bròn sin maitheanas a chosnadh dhuit? Cha dean. Am maitheadh 'sa fichead pund do dhuine, amhàin air son gu bu doilich leis tainfhiach sin bhi agad air? Cha mhò na sin bheir Dia maitheanas duitse, air son do bhròin. Bha bròn mar so air Judas; b'aitheach leis an ni a rinn e, gidheadh cha d'rinn sin a thearnadh.—An dean, ma ta, bròn air son do lochda, agus leasachadh beatha, do shaoradh o pheanas? Cha dean. Am maitheadh tusa na fiacha bhiodh agad air duine, a cheannach robh e 'g am meudachadh, no cur tuille riu? Cha mhò na sin a mhaitheas Dia d' fhiachasa. Am fad 's a shaoileas tu gu dean d' aithreachas, no do leasachadh beatha, no do dheanadas fein, do shaoradh: cha n'eil thu ach 'gad mhealladh fein; cha dìong iad sin a bheag 's am bith dhuit. Thubhairt Dia, “An t-anam a chiontaicheas, gheibh e bàs.” Esec. xviii. 20. Tha cheartas agus fhìrinn le chèil ag agairt dìoghaltais air a' pheacach. Nan d'thugadh Dia maitheanas duitse air an t-seol a ta thu 'g carbsadh; 's ann a chuireadh e air chul araon a cheartas agus fhìrinn. Gidheadh, d' a mhòr thròcair, dh' orduich e slighe leis am feud e peacairean a mhaitheadh, gun a cheartas no fhìrinn a chur air chul. An aithne dhuitse ciod i an t-slighe so? Am bheil fhios agad aionnas a dh' fheudas tròcair agus fhìrinn a cheil a choinneachadh? Stad beagan; dùin an leabhar mionaid no dhà; agus smuainich agad fein, am bheil fhios agad cia mar dh' fheudas d'anam bhi tearuinte. — — — — —

* Ciod an cunntas a th' agad re thabhairt!

Am bheil thu nise, rè ùine co fhada, buailteach do 'n bhàs shiorruidh ; ann an cunthart, gach uair dod' aimsir, gu feudadh e do ghlacadh ; agus am bheil thu fathast aineolach air an aon t-slighe tre 'm feud thu dol as ? Nach truagh an staid anns am bheil d' anam bochd ? O smuainich, ma 's e as gu bàsaich thu an diugh, cìod' an staid anns am bi thu tuille gu brath ? Nam faigheadh tu bàs an dé c' ait am biodh d' anam air a' cheart uair so ? An ann am flaitheamhnas ? Cia mar bhiodh tu an sin, an uair nach d' rinn thu greim air an t-slaime ta air a cur 'an ceill 's an t soisgeul, agus nach 'eileadhon uiread as fios agad cìod i ? Air an aobhar sin tabhair moladh do Dhia air son do bheatha a chaomhnadh ; agus guidh air gu-n aom e do chridhe gu gabhail ris na nithibh so a leanas.

Tha thu fiosrachadh cìod is èigin duit a dheanamh chum bhì air do thearnadh. 'S e freagradh na ceiste cudthromaich so, “ Creid anns an Tighearn Iosa Crìosd, agus bithidh tu tearuinte.” Leugh mar thachair do fhear coimhead a phrìosuin, Gnìom. xvi. 25,—35. Thubhairt Crìosd, an deigh aiseirigh, r' a Dheisciobluibh, “ Ge b' e chreideas agus a bhaistear, saorar e ; ach ge b' e nach creid, dìtear e.” Marc. xvi. 10.

Ach cìod e sin, creidsin ann an Crìosd ?—Tha, a chreidsin gur e Iosa Crìosd Dia, co-ionann ris an Athair ; gu do ghabh e ar nadur air fein, chum umhlachd a thabhairt do lagh Dhe a bhris sinne, agus am peanas sin fhulang a thoill sinne ; agus nach urrainn aon duine air fheabhas, ge do robh e ionraic agus stuam, déircail agus daonnachdail, bhì air a shaoradh o ifrinn, ach *amhain* tre fhulangas Chrìosd ; no bhì 'n a oighre air flaitheamhnas, ach *amhain* air sgàth umhlachd agus fìreantachd Chrìosd. Guidheam ort, uimesin, rach a dh' ionnsuidh Chrìosd leis an achuinge iriosail sin, “ a Dhe dean trocàir ormsa ta a' m' pheacach.” Luk. xviii. 13. Na saoil gu dean d' oibre fein do thearnadh ; no gur leor d' oibre fein ann an cuid, agus gu dean Crìosd amach a' chuid eile. Ma bhios tu idir tearuinte, is èigin gur an tre thoillteanas *Chrìosd amhain*, Agus ma bheir Dia dhuit, do dhòchas a chur ann an *Crìosd amhain* air son maitheanas do pheacaidh ; gràs-iarruidh o Chrìosd chum a chaithe-beathanas a leantuinn ; ann aon fhocal, gu Crìosd a ghabhail mar do Shagart gu do réite dheanamh re Dia, agus mar do Rìgh gu rioghachadh tharad agus annad ; an sin is èigin gu bi thu tearuinte, cha n-urraim thu bhì cailte.

Thubhairt mi roimh nach dean aithreachas no leasachadh beatha do thearnadh. Gidheadh ta iad sin le chéile co

fheumail, 's nach urrainn thu bhì tearuinte as an eugmhais.— Ach feudaidh e tachairt gu bhì thu fa dhoilghios air son do lochda, agus gu tréig thu iad ann an cailegin, agus gidheadh, gu bhì thu cailte an deigh sin. Feumaidh tu fuath thoirt do n pheacadh, ionnas gur gràineil leat thu fein air son do chionnta amhuil Job, 'n uair a thubhairt e, “ feuch tha mi neoghlan ; tha mi gabhail gràin diom fein, agus ag deanamb aithreachais ann an duslach agus luathre.” Feumaidh do chridhe bhì gu h-ìomlan air atharrachadh ; feumaidh tu bhì a' d' chreutoir nuadh agus bhì air do bhreith aris. An aithne dhuit ciod e sin bhì air do bhreith aris ? Is e so e ; gu-n gradhaich thu na nithe a dh' fhuathaich thu roimhe ; agus gu toir thu fuath do na nithibh d'an robh spéis agad roimhe. Gus am am so, ghradhaich thu an saoghal, do thoil fein, agus am peacadh : feumaidh tu nise gradh a thoirt do Dhia, d' a fhocal, d' a aithnibh, d' a thigh, agus d' a orduighibh. Roimhe so, cha robh cùram ort mu leas d' anama ; ach nise feumaidh tu bhì do ghnàth ag iarraidh maitheamhnais gràis, agus gloire o Dhia. Mur bhì do rùn agus do thogradh agus d' oidhripe gu léir air am mùthadh, 's e sin “ mur bhì thu air do bhreith aris, cha n-urrainn thu dol asteach do rioghachd neimh.”

Cha n-eil thu air do bhreith as ùr an uair a bhaistear thu. Am baisteadh, is obair o 'n leth amuigh e air a' chorp. An ur-bhreith, is obair o'n leth astigh e anns an anam. Ann an ainm Dhe na tamh gus an rannsuich thu an Scriobtur, no gus am faigh thu Crìosdaidh cràbhach Èigin, a bheir tuille eolais duit mu 'n ùr bhreith. An uair a thuigeas tu ciod is fòr chor do gach aon neach a bheirear asteach do 'n t-saoghal, mar a ta e air a chur sìos, Rom. iii. is ann is fearr a thuigeas tu gnè agus feum an nuadh bhreith, air am bheil iomradh, Eoin. iii.

Rannsuich Scriobtur na firinn, mar fhocal an De bheò ; creid an teisteanas a tha iad a' tabhairt mu d' staid chailte thaobh naduir, agus an teisteanas a ta iad a tabhairt air Iosa, a chrìochnaich obair na Slainte, agus a tha nis air àrdachadh na Phrionnsa agus 'na Shlànuighear, a thoirt aithreachas agus maitheanas peacaidh, agus a tha comasach gu h-ìomlan air na h-uile a thig a dh' ionnsuidh Dhé tridsan a thearnadh ; tre chreidimh annsan, mothaichidh tu gu cinnteach sìth agus aoibhneas, nach urradh an seoghal a thoirt seachad, no a thoirt air falbh. Gu deònaicheadh Dia a bheannachd leis na firinnibh so do t-anam.

Lèugh na h-earranna do'n Scriobtur a dh' ainmich mi.



